

Ro-ràdh

Tha cruth eaconamach na h-Alba ag atharrachadh gu luath. Tha teicneòlasan a' tighinn am bàrr, margaidean cruinneil a' gluasad, agus stiùireadh èiginneach air adhart a dh'ionnsaigh neoini lom, ag iarraidh freagairt nas soilleire agus nas àrd-amasail. Aig lomairt na h-Alba, tha sinn a' coinneachadh an dùbhlain sin le modh-obrach ro-innleachdail àrd-chuimsichte a tha a' dèanamh cinnteach nach bi Alba dìreach a' farpais – ach a' stiùireadh – ann an gnìomhachasan far a bheil cothroman sònraichte do chompanaidhean Albannach a tha àrd-amasail le sùileachadh air fàs.

[Tha Ar Fòcas air Cruth-atharrachadh Eaconamach](#), a dh'fhoillsicheadh san Fhaoilleach 2024, a' mìneachadh ar n-àrd-amaid ann an trì raointean prìomhachais far am faigh Alba air soirbheachadh: luathachadh eadar-ghluasad cumhachd; àrdachadh ùr-ghnàthachas; agus leasachadh seilbheachd calpa.

Tha ar Plana Obrachaidh 2025-28 a' mìneachadh a' mhodh-obrach mheadhan-amail a ghabhas sinn gus lìbhrigeadh air na prìomhachasan sin. Thar na h-ùine seo, cuimsichidh sinn air cothroman àrd-chomasach leithid seilbheachd gaoithe far-thìre, agus tarraing fàs gnìomhachasail ùr gu Inbhir Ghrainnse. Tro ar comas eadar-nàiseanta, tarraingidh sinn luchd-seilbheachd a nì atharrachadh, a' togail air co-obrachaidhean ro-innleachdail mu thimcheall ùr-ghnàthachas agus a' ceangal ghnòthachasan Albannach ri cothroman cruinneil.

Is e plana dàna a tha seo. Tha sinn dealasach a thaobh obair ann an dòighean nas innleachdail agus nas sùbailte – a' toirt dhaoine, in-sheallaidhean, agus innealan ionmhasail còmhla gus buaidh fhìor, dhearbhadh a thort gu buil. Le bhith a' cur taic ris na gnòthachasan as àrd-amasail ann an Alba, lìbhrigidh sinn cruth-atharrachadh eaconamach - a' cruthachadh obraichean nas àirde pàighidh, a' stiùireadh tàrbhachd, agus a' dèanamh cinnteach gun urrainn do dh'Alba luach nan cothroman eaconamach sin a choileanadh chun na h-ìre as àirde.

Ma tha lèirsinn aig ur gnòthachas, bidh lomairt na h-Alba daingean air ur cùlaibh. Tha sinn a' cur taic ri miann-adhartais.

Luathachadh eadar-ghluasad cumhachd

Ar rùn lèirsinn: An àireamh de chompanaidhean ag obrachadh san roinn eadar-ghluasaid cumhachd ann an Alba a ghleidheadh agus a mheudachadh thar nan deich bliadhna ri teachd, a’ buileachadh suas ri 44,000 obair ùr eadar-ghluasaichte.

Faodaidh Alba a bhith na stiùiriche cruinneil anns an eadar-ghluasad cumhachd, mar a tha mìnichte ann an Ro-innleachd Ghnìomhachasail Uaine Riaghaltas na h-Alba – a’ cruthachadh gnìomhachasan ùra agus a’ faotainn seibheachd a tha tèarainte. Tha am fòcas againn air a’ bhun-structar a thogail agus dèanamh cinnteach gun urrainn do ghnìomhachasan farpais gu h-eadar-nàiseanta fhad ’s a thathar a’ luathachadh eadar-ghluasad Alba gu neoini lom. Thar nan 3 bliadhna ri teachd, obraichidh sinn le luchd-leasachaidh, luchd-seibheachd, companaidhean agus com-pàirtichean an riaghaltais, gus seibheachd fhuasgladh, sèinichean solair a neartachadh, agus na suidheachaidhean airson fàs gnìomhachais seasmhach a chruthachadh agus a leasachadh.

Meudachadh ùr-ghnàthachas

Ar rùn lèirsinn: Airson Alba a bhith air a h-aithneachadh mar dhùthaich le cuid de na gnìomhachasan as ùr-ghnàthaiche agus as luaithe fàis gu cruinneil, a’ tarraing seibheachd eadar-nàiseanta, tàlant agus às-mhalairt mheudaichte.

Tha neartan ùr-ghnàthachais Alba aig ìre chruinneil. Tha ar fòcas air ar neartan ùr-ghnàthachais a stiùireadh suas, a’ tionndadh rannsachadh agus beachd-smuaintean gu gnothachasan àrd-fhàis a tha a’ cruthachadh obraichean, às-malairt, agus seibheachd.

Thar nan 3 bliadhna ri teachd, cuiridh sinn taic ris na companaidhean ann an Alba as àrd-amasail ann an gnìomhachasan an ama ri teachd, far a bheil comas againn a bhith a’ stiùireadh gu cruinneil. Tha iad sin a’ gabhail a-steach: fànas; saidheansan beatha; bith-teicneòlas gnìomhachasail; teicneòlas airgid; agus teicneòlasan riatanach de theicneòlas-solais, cuantam agus leth-ghiùlanairean, le dùil ri barrachd fàis tarsainn iad sin tro chur an gnìomh air robotaireachd agus AI. Cuiridh sinn prìomhachas air buidhnean soirbheachail a thogail sna raointean sin. Obraichidh sinn le stèidhichean, luchd-seibheachd, agus com-pàirtichean gus bacaidhean air meudachd a thoirt air falbh – a’ faotainn seibheachd, a’ fuasgladh bun-structar, agus a’ co-cheangal chompanaidhean ri margaidean eadar-nàiseanta.

Neartachadh seilbheachd chalpa

Ar rùn lèirsinn: Tha Alba a’ suidhe taobh a-staigh an tritheamh ceathramhail de dhùthchannan OECD airson seilbheachd chalpa, le còrr air £3 billean ann an calpa a bharrachd air a thasgadh le gnothachasan gach bliadhna, ann an coimeas ri figearan 2023.

Is e seilbheachd an adhbhar brosnachaidh airson cruth-atharrachadh eaconamach. Gus gnothachasan a mheudachadh, ùr-ghnàthachas a stiùireadh, agus tarbhachd a neartachadh, tha feum aig Alba air cothrom nas motha air calpa aig gach ìre fàis.

Thar nan ath 3 bliadhna, co-obraichidh sinn le institiùdan ionmhasail agus com-pàirtichean an riaghaltais gus tarbhachd gnothachasan Albannach àrdachadh, mar sin a’ stiùireadh suas phàighidhean tro sheibheachdan calpa ro-innleachdail agus meudachadh soirbheachais.

Ar plana air aon duilleig

Mar a tha sinn a' cuideachadh ghnothachasan gu bhith ag ùr-ghnàthachadh agus a' meudachadh gu h-eadar-nàiseanta gus an eaconamaidh a chruth-atharrachadh.

Tha sinn a' cumail
'tha trì' aig meadhan
gach nì a tha sinn a'
dèanamh



Eadar-nàiseanta



Seilbheachd



Ùr-ghnàthachas

Cuimseachadh air ar
trì rùintean

**Luathachadh an
eadar-ghluasaid
cumhachd**

-

**Meudachadh ùr-
ghnàthachas**

-

**Meudachadh
seilbheachd calpa**



An-còmhnaidh a'
treòrachadh ar
luachan



Buadhach



Àrd-amasail



Innsgineach

Agus a' toirt an
fheum as fheàrr às:



Lìonraidhean



Eòlas



Ealantas